

an t-Soisgeil. Cha'n eil ni agaibh anns an t-sean eaglais nach bi agaibh anns an eaglais uir. Faodaidh sibh Leabhar Aithghearr nan Ceist a thoirt do'r cloinn ri ionnsachadh mar bha sibh a' deanamh roimhe. Agus ma's miann leibh eolas mean a chur air creideamh na h-Eaglais Aonaichte, leughaidh gu curamach Aideachadh a' Creideamh, a gheibh sibh an Gailig 's am Beurla ann an leabhran beag o'n t-Solus Iuil.

Tha iad a' feuchainn ri dheanamh mach nach bi cothrom aig an t-sluagh air ministear a ghairm. Bidh an aon chothrom aca 'sa tha aca an drasda. Tha na riaghailtean a's fhearr a bha anns na tri eaglaisean mu ghairm 's mu shuidheachadh mhinistearian ri bhi ministear sam bith air a chur ann an coithional an aghaidh toil an t-sluaigh.

An uair a chuimhnicheas sibh air Criosd, 's e 'cur aghaidh air a' chranncheusaidh, gu'n do ghuidh e coig uairean gu'm biodh a shluagh uile mar aon, nach coir do neach sam bith a tha'n aghaidh an aonaidh so fheorach dhe fein am bheil sin a reir toil an Fhirsheoraich. C'ar son a bha Criosd ag guidhe mar sin? Bha e 'dol gu bas a chum an saoghal so a thearnadh. Bha fhios aige nach deanadh eaglais roinnte an saoghal a chosnadh dha. Agus cha d'rinn i sin. Da mhile bliadhna air dol seachad agus corr us darna leth an t-saoghail gun uiread us iomradh a chluinntinn air Criosd!

Tha sinn ag iarraidh gu'm biodh an saoghal air a thoirt gu Criosd, agus air an aobhar sin tha sinn ag iarraidh gu'm biodh an eaglais mar aon. Tha thairis air tri cheud deug de mhinistearian a rugadh 's thogadh anns an Eaglais Chleirich ag iarraidh sin. Nach biodh e sabhailte dhuibh an leantuinn? Anns a' bhliadhna 1875, chaidh an Seanadh so cha mhor gu h-iomlan a

stigh do'n aonadh. Nach d'rinn iad gu glic? Dh'fhan Cleir Phictou a mach, agus gu de bhuannaich iad? Gu de a bhuannaicheas daoine le fuireach as an aonadh? Tha mi a' lan chreidsinn gu bheil Dia ag gairm air eaglaisean Chanada gu bhi a' treorachadh an t-saoghail anns a' chuis so. Tha mi am fior dhochas gu'n teid muinntir na Gailig mu thimchioll a' ghnothuich so le deagh aire 's le urnuigh, agus gu'n lean iad eaglais an sinnsir do'n aonadh.

Ur caraid dileas,

Iain Mac-an-Toisich.

Sidni, C. B.

O'n Urramach Seumas Friseal.

Tha iomadh aobhar agam air son bhi dol a stigh do'n aonadh, agus bheir mi dhuibh cuid diubh an seo:

1. Tha an Eaglais Chleireach an Canada a' dol do'n aonadh. Tha i a' deanamh sin le guth laidir an t-sluaigh, nan Seisean, nan Cleir, nan Seanadh, agus an Ard-Sheanaidh. A bharrachd air sin, tha an t-aonadh air a dhaingneachadh le achd Parlamaid. An uair a bhatar 'g am chur air leth mar mhinistear, thug mi boid gu'n cumainn suas agus gu'm bithinn a' dion riaghladh na h-eaglais le Seiseanan, Cleirean, Seanaidhean agus Ard-Sheanadh. Tha e mar sin mar dhleasnas orm m'eaglais a' leantuinn 's i ag gluasad air adhart do'n aonadh.

2. Tha mi a' dol do'n aonadh a chionn gu bheil mi ag creidsinn gu bheil an Eaglais Aonaichte 'na h-Eaglais Chleirich, agus gu'm bi mi 'nam Chleireach anns an Eaglais Aonaichte mar a tha mi an drasda 's mar a bha mi riamh. Tha aideachadh a creideamh soilleir, goirid, agus furasd a thuigsinn. Tha mi de'n lan bharrail gu bheil e a reir teagaisg nan Sgrìobtuiribh Naomha.

3. Tha mi ag creidsinn gu'm bi